
Semeastar 2 2012/13

BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta

BA Cànan agus Cultar

BA Gàidhlig agus Leasachadh

BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	Bàrdachd bho 1900	2
Còd a' Mhodail:	UQ508493	
Là is Ceann-là	Diluain 13 Cèitean 2013	
Uair/Ùine:	9.30-11.30	

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

Fiosrachadh:

Tha faclairan ceadaichte airson na deuchainn seo.

Faodar na leabhraichean *An Tuil; An Aghaidh na Siorraidheachd agus Nua-Bhàrdachd Ghàidhlig* a thoirt a-steach dhan deuchainn. Bithidh pasgan de dhàin an cois a' phàipeir.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.
Chan fhaodar càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh (far a bheil e iomchaidh, faodar dealbhan a dhèanamh le peansail).

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 8 ceistean san deuchainn seo agus feumaidh tu **2** a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanaich** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh

Freagair DÀ cheist. Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no thri bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile-gu-lèir.

1. Dè na diofar sheallaidhean air a' choimhearsnachd Ghàidhealaich a tha sinn a' faighinn bho bhàird an 20mh agus an 21mh linn?
2. Dè a' bhuaidh a bha aig cogadh (a' Chiad Chogadh agus/ no an Dàrna Cogadh) air triùir de bhàird Ghàidhlig an 20mh linn?
3. Am feum freumhan bàrdachd Gàidhlig a bhith air a' Ghàidhealtachd?
4. Mìnich mar a tha ceistean a thaobh dà-chultarais ag èirigh ann am bàrdachd dà bhàrd.
5. Dè a' bhuaidh a tha aig creideamh agus an eaglais air bàird Ghàidhlig an 20mh linn?
6. Dè cho furasta 's a tha e sgaradh a dhèanamh eadar bàrdachd thraidiseanta agus bàrdachd san nòs ùr?
7. Ciamar a tha nàdar ga chleachdadh gu samhlauchail ann an obair dithis bhàrd a sgrìobh an dèidh 1900?
8. A bheil e iomchaidh a bhith a' coimhead air Iain Mac a' Ghobhainn, Somhairle Mac Gill-Eain, Ruairidh MacThòmais, Dòmhnall MacAmhlaigh agus Deòrsa Mac Iain Deòrsa mar chòmhlán? Mìnich do bheachd.

Deireadh a' phàipeir